

28/1/25, Teams

*Dreach geàrr-chunntas*

Bòrd: Iain Moireasdan [sa Chathair], Rhoda NicDhòmhnaill, Marion Nic na Ceàrdaich, Ingrid NicEanraig, Daibhidh Byrne, Catriona Mhoireach, Calum MacLeòid

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)

Mairead Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)

Lorna Nicamhlaigh [LMA] (Stiùiriche Cho-bhanntachd & Leasachaidh)

Scott Smyth [SS] (Ceannard Ùr-ghnàthachais agus Anailiseachd – 7 & 8)

Donnie Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais)

Sarah NicDhòmhnaill [SN] (Ceannard Ionmhais)

Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (Rùnaire)

**1. Leisgeulan**

1.1 Calum Steele; Lachlan Peel.

**2. Gnothach dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

**3. Poileasaidh pàighidh 2025/26**

3.1 Bha pàipear a' mìneachadh

- Coimeas eadar tuarastail MG ALBA agus fàs CPI anns na 5 bliadhna mu dheireadh
- Adhartas le bhith a' cur an-gnìomh plana luchd-obrach 2024-25
- Stiùireadh Riaghaltas na h-Alba airson poileasaidh pàighidh airson nan 3 bliadhna air thoiseach
- Buaidh ionmhasail a thigeadh à àrdachadh pàighidh, dà dhreuchd ùra agus àrdachadh Àrachas Nàiseanta ann an 2025-26.

3.2 Bha am pàipear ag iarraidh air buill

- Aontachadh airson adhbharan planaidh ri modail stèidhichte air àrdachadh 5% ann an ìrean pàighidh ann an 2025-26, ann an co-theacsa an 9% thairis air 3 bliadhna a tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh do bhuidhnean poblach

- comhairle mhionaideach fhaighinn bho Chomhairliche tuarastail, gus an gabh poileasaidh foirmeil a ghabhail os làimh aig coinneamh a’ Bhùird sa Mhàrt 2023
- aonta a thoirt seachad airson an dreachd bhuidseat airson planaichean luchd-obrach agus a dhol gu fastadh airson dà dhreuchd ùra, le aithne gu bheil feum air aonta Ofcom.

3.3 Chaidh na diofar phuingeon a dheasbad, le tomhas ann gu faodadh 5% a bhith àrd an coimeas ri co-dhùnaidhean bhuidhnean eile a bha nas fhaisge air 3.5%.

3.4 Bha còmhradh ann mu chùmhnanntan goirid agus chaidh diofar phuingeon a thogail: nach e companaidh riochdachaidh a bha ann an MG ALBA; gu feum na buannachdan a mheasadh mu choinneimh nan duilgheadasan; a bhith mothachail gum bi freagairtean bho shuirbhidhean bhuapasan air cùmhnanntan goirid eadar-dhealaichte bho dhaoine air cùmhnanntan fad-ùine.

3.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta, air thuigse gum biodh cothrom a dhol an sàs barrachd aig Comataidh Lèirsinn agus air a’ ghnìomh gu h-ìseal.

3.6 **Gnìomh:** thèid comhairle mhionaideach fhaighinn bho Chomhairliche Thuarastail air na h-ìrean àrdachadh thuarastail a bha cumanta le craoladairean eile agus buidhnean poblach, gus an gabh co-dhùnadh foirmeil a ghabhail air àrdachadh pàighidh aig coinneamh a’ Bhùird sa Mhàrt. (DC)

#### 4. Amasan Ro-innleachdail

4.1 Thug SS seachad taisbeanadh, a’ togail air na chaidh a dheasbad leis a’ Bhòrd aig a’ choinneimh mu dheireadh. Chaidh mìneachadh gu robh Ceannardan MG ALBA air trì APT (Amasan agus Prìomh Thoraidhean) ro-innleachdail (no Strategic OKRS) a chur an cèill airson 2025-26 airson beachd a’ Bhùird:

- fuasgladh air an t-suidheachadh a thaobh cion mhaoin;
- an treas pàirt den luchd-amhairc nach eil a’ tighinn gu meadhanan MG ALBA
- dùbhlain na roinne cruthachail.

4.2 Bha aithne gun tigeadh cuid a dh’fhuasglaidhean le obair com-pàrteachaidh.

4.3 Bha aithne ann gu feum smaoineachadh a bharrachd a dhèanamh a thaobh a bhith a’ sàsachadh an treas pàirt a tha a dhìth agus am faodadh sinn cron a dhèanamh air an dà thrìan a tha mu thràth a’ coimhead nam meadhanan againn gach seachdain.

4.4 Bha ceist ann a bheil craoladairean air a bhith dàna gu leòr airson an luchd-amhairc a th’ aca agus a bheileas a’ dèanamh cus smaoineachadh mu dhaoine òga.

- 4.5 Chaidh a ràdh gu bheil an ath-òrdanachadh luchd-obrach a’ tachairt gus spionnadh a thoirt don iomairt luchd-amais nas òige a shàsachadh.
- 4.6 A thaobh nan duilgheadasan leis an roinn chruthachail, chaidh ceist a chur a thaobh cothromachadh eadar an rannsachadh agus na gnìomhan a bha a dhìth. Chaidh a ràdh gu bheil coimiseanadh san fharsaingeachd ann an Alba air slaodachadh thar chraoladairean ach gu bheil feum coimhead air seasmhachd; ciamar a thathas a’ cleachdadh an airgid agus cultar urrachd (dependency) a sheachnadh.
- 4.7 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na puingeann a chaidh a thogail sna pàipearan agus tron deasbad dh’aontaich am Bòrd ri na h-amasan ro-innleachdail.
- 4.8 **Gnìomh:** thig dreachd Plana 3-bliadhna fa chomhair a’ Bhùird aig an ath choinneimh. (DC)

## 5. Plana Luchd-obrach & Cruth-Atharrachaidh

- 5.1 Bha pàipear ann an riochd taisbeanadh a’ mìneachadh an cruth-atharrachadh a thaobh daoine, cultar agus siostaman a tha a’ tachairt an-dràsta.
- 5.2 Bha ceist ann an robh e riatanach comhairliche fhastadh bhon taobh a-muigh, mar a bhathas a’ moladh, airson *sgeulachd* na buidhne a leasachadh. Thuir an AO gu robhas aig àm chudromach le mòran ag atharrachadh, agus nach robhas ag iarraidh comhairliche air ro-innleachd ach taic ach ann a bhith a’ cruinneachadh muinntir MG ALBA uile fon aon bhratach, a’ tarraing air an aon ràmh, soilleir agus tuigseach mun ròl aca. Cha tachradh seo gun spionnadh agus goireas a chur ris, agus bhiodh sùil agus stiùir bhon eòlaichean prìseil.
- 5.3 Chaidh aontachadh ri beachd leasachadh dhaoine a chur aig teis-mheadhan (“front and centre”) nam planaichean seo, aig cridhe na h-obrach airson planaichean trì bliadhna. Thèid seo a dheasbad aig an ath choinneamh de Chomataidh Lèirsinn mus tig e air ais chun Bhùird.
- 5.4 Chaidh mìneachadh a thoirt seachad air an ath-òrdanachadh agus an fheum airson cuid a dh’atharrachaidhean. Bha aithne ann gu robh seo uile a rèir feum atharrachaidh na buidhne agus bha aithne ann gu bheil conaltradh air an seo gu luchd-obrach air leth cudromach.
- 5.5 Chaidh ceist a chur a thaobh nan èifeachdasan de 20-25% a bha sa phàipear. Chaidh innse gu robh seo co-cheangailte ri fianais bho iomairtean leithid LEAN nuair a tha ùrachadh dhòighean smaointinn, shiostaman agus phròiseasan a’ cruthachadh èifeachdas.
- 5.6 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na puingeann a chaidh a thogail sna pàipearan agus tron deasbad dh’aontaich am Bòrd taic a thoirt do na molaidhean.
- 5.7 **Gnìomh:** 1) thig molaidhean agus cosgaisean airson co-chomhairliche *sgeulachd* a cho-roinn air a’ Bhòrd nuair a bhiodh iad ann; 2) thèid rannsachadh a dhèanamh air an urrainn

*baseline* a chruthachadh a b' urrainn a chleachdadh airson èifeachdas a thomhas agus 3) thig dreachd deireannach chun Bhùird aig an ath choinneimh. (DC)

## 6. Plana Obrachaidh 2025/26

6.1 Bha pàipear agus plana obrachaidh air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

6.2 Chaidh SMD agus DMD tron bhuidseat agus bha buill riarachta, le aithne gu bheil am buidseat susbaint stèidhichte air nas lugha uairean a thìde ach prògraman le barrachd buaidh.

6.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta leis a' phlana.

6.4 **Gnìomh:** 1) thig dreach gu Ofcom ro 31/1/25; 2) thèid an tuilleadh obrach a dhèanamh air a' Phlana agus thig e air beulaibh a' Bhùird sa Mhàrt airson aonta. (DC)

## 7. GISBE

7.1 Chaidh soirbheachas An t-Eilean a chomharrachadh, le taing dha thoirt seachad gu gach neach a bha an sàs ann. Chuidich e gu mòr ann a bhith ag àrdachadh pròifil na Gàidhlig.

7.2 Thèid litir gu Sorcha Groundsell airson an taic a thug i seachad ann a bhith a' putadh a' phrògram agus ìomhaigh na Gàidhlig. (MAMI)

7.3 Choinnich an Cathraiche ri Rùnaire na Staite san Fhaoilleach.

7.4 Bidh an Leas Phrìomh Mhinistear a' tadhail air oifis Glaschu sa Ghearran.

7.5 Chaidh litir agus meal-a-naidheachd a chur gu Luke McCullough airson an àrdachadh dreuchd a fhuair e gu Stiùiriche Gnothaichean Corporra aig a' BhBC.

8. **Deit na h-ath choinneimh** – Diardaoin 13/3/25 ann an Steòrnabhagh, le seisean trèanaidh riosg air feasgar 12/3/25.